**Bòrd na Gàidhlig**

Brath Naidheachd
*Press Release*

***Please scroll down for English Version***

# COLMCILLE A' CUR TAIC RI STÈISEAN TELEBHISEAN GUS AN DUALCHAS CULTARACH EADAR ÈIRINN IS ALBA A CHOMHARRACHADH

**22 An t-Samhain 2010**

Tha Colmcille – prògram com-pàirteachais a tha ag adhartachadh an dualchais chànanach is chultarach eadar Èirinn is Alba – a' cur taic ris an t-sianal telebhisean Gaeilge TG4 gus mothachadh leantainneach a thogail mun bheatha làitheil ann an coimhearsnachdan Gàidhlig na h-Alba. Tro thaic maoineachaidh bho Cholmcille, tha prìomh phrògram naidheachdan làitheil TG4 a' craoladh naidheachdan sònraichte gach seachdain bho BBC Alba, le fo-thiotalain ann an Gaeilge. Thuirt Iar-Cheannard TG4, Pádhraic Ó Ciardha, "Tha sinn a' creidsinn gu bheil tuigse agus ùidh aig a' choimhearsnachd Ghaeilge ann an Èirinn agus sa Ghaeltacht anns a' choimhearsnachd Ghàidhlig ann an Alba. Tha ar luchd-èisteachd a' tuigsinn nan dùbhlan mu choinneamh coimhearsnachd mhion-chànan a' dìon cultar is beatha ann an coimhearsnachdan dùthchail iomallach, agus tha an iomairt seo gus cuideachadh le barrachd tuigse a bhrosnachadh air saidhbhreas na Gàidhlig agus air a' chultar co-cheangailte rithe." Tha Colmcille a' comharrachadh agus ag adhartachadh mothachadh da rèir a chèile agus eadar-obrachadh deimhinneach am measg nan coimhearsnachdan Gàidhlig ann an Èirinn agus Alba.

Thuirt Alasdair MacFhionghuin, Co-òrdanaiche com-pàirteachas Cholmcille, gun robh iad toilichte a bhith a' cur taic ris an iomairt seo airson na dàrna bliadhna. " 'S e prògram air a bheil meas a th' ann an Nuacht agus tha an craoladh seachdaineach seo a' togail mothachaidh den ionnanachd chultarach a tha co-roinnte eadar Èirinn is Alba. 'S e cothrom a th' anns an iomlaid eadar BBC Alba agus TG4 gus an t-saidhbhreas seo agus an tuigse de na coimhearsnachdan Gàidhlig a cho-roinn agus a chomharrachadh, agus tha e a' togail deagh-ghean eadar na dùthchannan."

Tha naidheachdan Gàidhlig na h-Alba air an craoladh air TG4 gach seachdain anns a' phrògram naidheachdan aca gach Diluain eadar 7f agus 7.30f. www.colmcille.net

[www.gaidhlig.org.uk](http://www.gaidhlig.org.uk)
Fòn: 01463 225 454

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
*Press Release*

Airson tuilleadh fiosrachaidh mun fhios naidheachd seo, cuiribh fios gu:Pádhraic Ó Ciardha, TG4

padhraic.o.ciardha@tg4.ie 00 353 1 4763030

Alasdair MacKinnon, Colmcille

alasdair@gaidhlig.org.uk 07774 794 195

**Bòrd na Gàidhlig**

Brath Naidheachd
*Press Release*

# COLMCILLE SUPPORTS TV STATION TO PROMOTE THE SHARED CULTURAL HERITAGE OF IRELAND AND SCOTLAND

**22 November 2010**

Colmcille – a partnership programme which promotes the shared linguistic and cultural heritage of Ireland and Scotland – supports the Irish language television channel TG4 to promote continued awareness of daily life in Scotland's Gaelic communities. Through financial support from Colmcille, TG4's flagship daily news programme broadcasts a special weekly news feature from BBC Alba, which is subtitled in Gaeilge. TG4 Deputy CEO, Pádhraic Ó Ciardha said that "We believe that the Irish speaking community in Ireland and in the Gaeltacht have an understanding and interest in the Gaelic-speaking community of Scotland. Our audience understand the challenges facing a minority language community, the preservation of culture and life in remote rural communties and this initiative assists to further understand the richness of the Scottish Gàidhlig language and its associated culture." Colmcille celebrates and promote mutual awareness and positive interaction among the Gaelic communities in Ireland and Scotland.

Alasdair MacKinnon, Co-ordinator for the Colmcille partnership, said that they were pleased to be supporting this initiative for a second year. "Nuacht is a popular programme and this weekly broadcast heightens awareness of the shared cultural identity of both Ireland and Scotland. The news exchange between BBC Alba and TG4 is an opportunity to share and celebrate this richness and understanding of the Gaelic communities, and also fosters goodwill between the countries."

The Scottish Gàidhlig news item is broadcast on TG4 weekly in its Monday bulletin between 7pm and 7.30pm. www.colmcille.net

For more information on this news release, contact:Pádhraic Ó Ciardha,
TG4 padhraic.o.ciardha@tg4.ie 00 353 1 4763030Alasdair MacKinnon,
Colmcille alasdair@gaidhlig.org.uk 07774 794 195